

MISE

... AGUS MO LAOICH


ÀS1:3



AONAD ÅS1:3

Anns an aonad seo, bidh thu:

- a' leasachadh nan sgilean èisteachd agus nan sgilean leughaidh agad tro theacsainchean ficsean agus fiosrachail.
- a' sgrùdadadh agus a' measadh bàrdachd agus rosg.
- a' cruthachadh nam pìosan sgrìobhaidh a leanas:
 - **pìosan fiosrachail**
 - **postairean**
 - **òran no bàrdachd.**
- Bidh thu a' leasachadh do sgilean labhairt le òraid mun laoch agad agus le iomadh còmhradh sa chlas.
- Bidh thu a' leasachadh d' eòlas air gràmar agus sgilean càinain agus bidh eòlas nas fheàrr agad air:
 - Mar a bhios tu a' cleachdadadh Bu/B' anns a' Ghàidhlig.
 - Mar a bhios an tràth chumhach ga chur ri chèile.
 - Mar a bhios tu a' cleachdadadh gam/gad an àite ro-riochdairean.
 - Mar a tha ro-riochdairean roimhearrach ag obair sa Ghàidhlig - gu h-àraidh **fo**, **mu** agus **de**.
 - Mar a ghabhas cuid de ghnàthsan-cainnt a chur gu feum airson cànan a neartachadh.



Halò, a laochain! 'S math d' fhaicinn a-rithist!
Cò an gaisgeach agad? Bidh sinn a' toirt sùil
còmhla air na gaisgich no na laoich againn
anns an aonad seo.

Bidh an t-aonad seo gad thoirt gu deireadh
a'chiad bhliadhna agad san àrd-sgoil. Bidh thu
air mothachadh de mhòran atharraicheanam-
bliadhna, agus mar sin, tha daoine a bheir
deagh eisimpleir dhuinn glè chudromach.

Bidh thu ag ionnsachadh mòran mu chultar
na Gàidhlig agus mu eachdraidh na Gàidhlig
anns an aonad seo. Bidh cothrom agad
an rannsachadh agad fhèin a dhèanamh
cuideachd. Bidh sinn a' coimhead air
eisimpleirean de ghaisgich anns na seann
làithean agus gaisgich an latha an-diugh
cuideachd.

Bidh thu cuideachd ag ionnsachadh mar a nì
sinn òrain, agus mar a bhios tu fhèin a' cur
a-mach fiosrachadh ann an dòigh a tha furasta
a thuigsinn dhan luchd-leughaidh.

Tha sinn an dòchas gun còrd an t-aonad seo
riut agus gum faic thu cho beairteach is cho
làidir 's a tha cultar agus cànan nan Gàidheal
mar ghoireas do dh'Alba air fad.

Goiridh

CLÀR-INNSE

1. Dè th' ann an laoch?
2. Cuireadh gu Cèilidh nan Ceatharnach
3. Cànan: An Tràth Cumhach - Bi
4. Gaisgich nan Seann-Ghàidheal
5. Cànan: Is agus Bu...
6. Curaidhean Spòrs
7. Jock Stein - Laoch Mòr na h-Alba
8. Cothrom Peanais
9. Ri Aghaidh na Creig
10. Cànan: Gam/Gad...
11. Nelson Mandela
12. Cliù is Buaidh
13. Sluagh-ghairm
14. An Cinneadh Ùr
15. Cànan: An Tràth Cumhach le gnìomhairean eile.
16. Deireadh-seachdain Sgoinneil!
17. Òrain Molaidh
18. A' toirt spionnad dhan t-sluagh
19. Cànan: Riochdairean Roimhearrach - Fo, De, Mu...
20. Hearach
21. Cànan: Mar bu dual dha...

- | | |
|----|--|
| 4 | |
| 6 | |
| 7 | |
| 10 | |
| 13 | |
| 16 | |
| 18 | |
| 22 | |
| 24 | |
| 26 | |
| 28 | |
| 30 | |
| 32 | |
| 33 | |
| 34 | |
| 35 | |
| 37 | |
| 41 | |
| 42 | |
| 44 | |
| 45 | |

Measadh a h-aon: Taisbeanadh

46

Measadh a dhà: Clann MhicCruimein

47

Measadh a trì: Pìobaire Òg Uibhist A Deas

48

1. DÈ TH' ANN AN LAOCH?

Tha am facial "laoch" agus am facial "gaisgeach" a' ciallachadh an aon rud. Tha a' Ghàidhlig làn de fhaclan le ciail a tha coltach.

Sgrìobh iad seo nad leabhar.



laochan	diùlnach
ceatharnach	galad
sonn	galaghad
curaidh	sàr-dhuine
seòd	bana-ghaisgeach
àrmann	ban -laoch

Agus tha tòrr fhaclan anns a' Ghàidhlig airson feartan is beusan gaisgeil:

smior	dileas	ainmeil
neart	lùths	làidir
dealasach	tapachd	treun
dìcheallach	calma	gaisgeil
spionnadh	cliù	gasta
dàna	cliùiteach	



Dè bhios laoch a' dèanamh?



Tha facial sònraichte ann airson na rudan a bhios laoch agus gaisgich a' dèanamh. 'S e sin **euchd**. Dè **na h-euchdan** a bhios na gaisgich agadsa a' dèanamh?





Obair 1

Thoir a-steach dealbh den laoch agad fhèin – dean postair dhiubh leis na faclan a tha thu fhèin a' smaoineachadh a tha a' freagairt orrasan agus eisimpleir air euchd no euchdan a tha gam fàgail nan gaisgeach.

Dèan cìnnteach gu bheil am postair agad a' cur na leanas gu feum:



sgriobhadh soilleir



ìomhaigh(ean) làidir



fiosrachadh pongail



dathan is dealbhan





PYTHAGORAS



MARIE CURIE

2. CUIREADH GU CÈILIDH NAN CEATHARNACH

Tha thu airson partaidh a chumail san taigh agad fhèin. Faodaidh tu cuireadh a thoirt do cheathrar chliùiteach à eachdraidh no bhon latha an-diugh tighinn chun a' phartaidh, a bharrachd air na caraidean is an teaghlaich agad.

Obair 1

Smaoinich air na leanas:

- Cò bhios a' tighinn?
- Carson a tha am partaidh gu bhith ann?
- Dè an seòrsa partaidh a bhios ann? Dè nì sibh?
- Thoir adhbhar airson gach duine a chaidh fhiathachadh chun na cuirm.
- Beachdaich air ciamar a gheibh iad air adhart còmhla.
- Dè bhiodh sibh a' bruidhinn mu dheidhinn còmhla?
- Am bi ceòl ann?



NIKOLA TESLA

Cuimhnich – chan fheum na daoine a bhith
beò fhathast, tagh duine sam bith a tha
cliùiteach is ainmeil ann an eachdraidh!
Sgriobh mar a chaidh dhut.



Obair 2

Nuir a tha thu deiseil, thoir còig mionaidean còmhla ri caraid agus inns dha do charaid mun phartaidh a tha thu a' planadh!





3. AN TRÀTH CUMHACH -BI



Am biodh tu a' dol dhan sgoil air a' bhus?

Cha bhithheadh. Cha bhithinn a' dol air a' bhus idir. Bhithinn a' coiseachd.

Am biodh tu deònach obair ann an Afraga?

Cha bhithheadh. Bhiodh e ro theth dhomh.

Cuin a bhiodh sibh a' dol gu muir?

Bhiomaid a' dol gu muir nuair a bha an làn ann.



Nam biodh tu a' buannachadh a' Crannchuir Nàiseanta, dè dhèanadh tu leis an airgead?

Bhithinn a' ceannach taigh mòr agus rachainn air làithean-saora.



Bi anns an Tràth Chumhach


'S e an tràth cumhach na rudan a **b'** àbhaist dhut a dhèanamh no rudan a **bhiodh** tu a' dèanamh **nam biodh** cùisean sònraichte ann, mar eisimpleir:

	Riochd àbhaisteach	Riochdan eile
mi	Bhithinn	Bhiodh mi/Bhitheadh mi*
thu	Bhiodh tu	Bhitheadh tu
e	Bhiodh e	Bhitheadh e
i	Bhiodh i	Bhitheadh i
sinn	Bhiomaid	Bhitheamaid, Bhiodh sinn*, Bhitheadh sinn*
sibh	Bhiodh sibh	Bhitheadh sibh
iad	Bhiodh iad	Bhitheadh iad

Obair 1

Atharraich na seantansan seo on tràth anns a bheil iad **dhan tràth chumhach**.

- a) Tha mi airson a dhol a dh'Afraga.
- b) Cuin a tha thu saor airson coinneachadh?
- c) Chan eil lain ag obair gu saor-thoileach idir.
- d) A bheil sibh a' dol dhan chèilidh anns an talla?
- e) Càit a bheil sinn a' faicinn an fhilm ùir?
- f) Bidh iad ag ithe guga ann an Nis.
- g) Cha robh mi a' faireachdann ro mhath air a' phléana.
- h) Bha lain Aonghas a' coimhead às a dèidh nuair a bha i tinn.
- i) Tha sinn ag ithe anns an Taigh-òsta Rìoghail gach Oidhche Shathairne.
- j) Cia mheud duine a bhios a' dol dhan eaglais Lè na Sàbaid?



Bhithinn agus Bhitheamaid


An do mhothaich sibh na tha a' tachairt le **mi** agus **sinn**?

Tha iad a' dol còmhla ris a' ghnìomhair (Na gabh dragh mu dheidhinn seo, ann an tàrr chànaínean, bidh seo a' tachairt leis a h-uile gnìomhair anns a h-uile tràth cha mhòr - seal air Spàinnis agus Fraingis mar eisimpleir!) Chan eil e an còmhnaidh a' tachairt anns a h-uile dualchainnt Ghàidhlig a-nis, ach feumaidh fios a bhith agad air an structar oir 's e sin an cruth as cumanta.



Obair 2

- a) (Bi, mi) _____ ag obair anns an fhactaraidh nuair a bha mi òg.
- b) Nam (bi, mi) _____ a' faighinn àrdachadh nam dhreuchd, (bi, mi) _____ a' ceannach càr spaideil ùr.
- c) (Bi, sinn) _____ a' feitheamh air na h-iassgairean a' tilleadh agus (bi, mi) _____ a' tilleadh dhachaigh dha mo mhàthair le poca èisg dhi.
- d) Cha (bi, mi) _____ ag iarraidh fuireach an sin làn-ùine, chan eil cus a' dol air an oidhche.
- e) Am (bi, mi) _____ ag obair leis na caoraich no na gobhair?
- f) Nuair a (bi, sinn) _____ a' dol dha na Hearadh air làithean-saora, (bi, mi) _____ a' cuideachadh mo sheanar leis a' chrodh.




4. GAISGICH NAN SEANN GHÀIDHEAL

Tha iomadh sgeulachd, no uirsgeul ann an cultar na Gàidhlig, agus tha na h-aon sgeulachdan aig na h-Èireannaich agus aig na Manannaich. Tha fir is boireannaich ghaisgeil ann le ainmean mar Oisin, Fionn Mac Cumhaill, Feargus Mac Roth, Conchobar an Rìgh, Eimhir, Sgàthach agus an duine as ainmeile, Setanta no Cù Chullainn.

Mar as trice, tha na sgeulachdan a' bruidhinn air na diathan a bha aig na Ceiltich agus mar a thàinig na daoine bho Roinn Eòrpa a dh'Èirinn agus an uair sin a dh'Alba. Tha na sgeulachdan ainmeil air feadh na Roinn Eòrpa. Anns a' phrògram "Na Gaidhealmaitlich", chì thu mar a bha muinntir na Gearmailt air am beò-ghlacadh le sgeulachdan Oisin (a sgrìobh Seumas Mac a' Phearsain ach a bha stèidhichte air na seann uirsgeulan).

Tha buaidh mhòr air a bhith aig uirsgeulan air cultar an t-saoghal le pìosan bhuapa a' nochdadadh ann an rudan mar "Harry Potter", "Lord of the Rings", "Conan", "Hellboy" agus iomadh rud eile.



Obair 1

Coimhead air a'chartun seo airson beagan eòlas a chur air Fionn MacCumhail mus dean thu an ath phìos obrach.

<https://vimeo.com/840492876?share=copy>





Obair 2

Leugh an earrann agus freagair na ceistean a-k air duilleag 12.

Fionn is Bradan an Eòlais


Bha Fionn MacCumhail car òg nuair a chaidh a chur far an robh an seann bhàrd is tidsear, Fineagas airson ionnsachadh fhaighinn ann an iomadh cuspair agus airson gum fàsadhbh e suas na ghaisgeach. Bha an seann fhear air a bhith a' fuireach na aonar fad mòran bhliadhnaichean, ann an taigh beag a thog e fhèin, ri taobh Abhainn Bhreughna, is chòrd e ris balach laghach a bhith mun cuairt air.

Bhiodh Fineagas a' sìor choimhead air an uisge, a latha is a dh'oidhche, feuch an laigheadh a shùil air iasg glè àraid air an robh 'Bradan an Eòlais'. A rèir coltais, a' chiad neach a bhlaiseadh air an iasg sin, 's esan an duine bu ghlice a bhiodh an Èirinn gu lèir. Gu ruige sin, bha e air faileachdainn orra uile a dh'fheuch, a ghlacadh, is bha Fineagas gu mòr an dòchas gun rachadh leis-san far nach deach le càch.

Aon latha bha Fineagas is Fionn nan suidhe air bruaich na h-aibhne is leasan math a' dol aca nuair a thug am bodach an aire do dh'iasg mòr sgoinneil, pinc a' snàmh an taobh a bha iad. "S cinnteach gur e seo Bradan an Eolais," dh'èigh e is thug e a chasan leis gus lòn – fear gu math làidir – fhaighinn son a ghlacadh. Bha fhios aige nach robh math dha coimhead an sùilean an èisg no thuiteadh e na throm-chadal, is bha e faiceallach gun sin a dhèanamh is e a' strì ris a' bhèist mhòir èisg a thoirt às an uisge a-steach dhan lòn.

Ach, an uair sin, gun rabhadh, thug an t-iasg leum às, suas a-mach às an abhainn, is rinn e air Fineagas bochd.

Chlisg an seann fhear is choimhead e ann an sùilean a' bhradarain is thuit e na shuain sa mhionaid uarach.



Chunnaic Fionn òg seo is chrath e Fineagas airson a dhùsgadh, is dh'iarr am fear eile air Fionn a lèine dhorch a shracadh is a shuaineadh mu shùilean gus nach deargadh e air sùilean an èisg fhaicinn. Rinn Fionn sin, is bha am bodach is am bradan ri cath is conas fad a' chòrr dhen latha gus an do thuig an t-iasg, mu dheireadh thall, nach b' fhiach dha an còrr spàирn a dhèanamh. Bha Fineagas air Bradan an Eòlais a ghlacadh. 'S e an duine bu ghlice a bha gu bhith ann an Èirinn air fad!

Ach mar a thuigeas sibh, bha Fineagas gu math sgìth an dèidh na chuir e às fhèin de lùths is fallas, is dh'iarr e air Fionn an t-iasg a bhruich fhad 's a ghabhadh esan norrag. Gheall Fionn nach blaiseadh e idir air.

Chuireadh a' bhrùid èisg air bior os cionn teine mòr mòna is cha b' fhada gus an robh e deiseil airson ithe. Dh'èigh Fionn air Fineagas e a thiginn ga fheuchainn, ach ma dh'èigh, nach deach boinneag bheag de dh'ola theth a' bhradain a thilgeil suas is laigh i air corrag Fhinn – òrdag a bh' ann. Cha do rinn Fionn ach a chorrag a stobadh na bheul gus am faigheadh e cuidteas cràdh an losgaidh.

Nuair a ràinig am bodach a thaobh, chunnaic Fineagas sa bhad gun robh coltas gu math diofraichte air Fionn MacCumhail. Chitheadh e on deàlradh na shùilean is on bhlàth na ghruaidhean gun robh rudeigin air tachairt dha. 'An do ghabh thusa feòil a' bhradain?' dh'iarr e bhuaithe. B' fheudar do dh'Fhionn an fhìrinn innse. 'Cha do ghabh' ars esan. 'An do dh'fheuch thu sgath idir dheth ma-tà?' dh'fhaighnich e. Is le sin, chuimhnich Fionn gun robh e air òrdag a chur na bheul nuair a chaidh a losgadh le ola an èisg, is dh'inns e sin do dh'Fhineagas.

Thuig Fineagas air ball gum b' fheudar gun deach an t-eòlas sònraichte, a thig a-mhàin on bhradan a bha aca a' bruich, a thoirt do Fhionn, is cha b' ann dhàsan. A dh'aindeoin a' bhriseadh-dùil, bha Fineagas toilichte airson an òigeir, oir bha fios aige gun rachadh e na dhuine uabhasach fhèin glic agus na shàr ghaisgeach agus gur e Fionn MacCumhail an ceannard a b' fheàrr is a b' ainmeile a bhiodh air 'An Fhèinn' a' bhuidheann ainmeil de Ghaisgich bhon latha sin a-mach is gu sìorraidh.

(Bho Sgeulachdan na h-Alba - seann làrach-lìn aig Education Scotland)

- a) Carson a chaidh Fionn a chur far an robh Fineagas?
- b) Càit an robh Fineagas a' fuireach?
- c) Carson a bha daoine airson Bradan an Eòlais a ghlacadh?
- d) Càit an robh an dithis agus dè bha iad a' dèanamh nuair a chunnaic iad am bradan?
- e) Dè thachradh nam biodh tu a' coimhead ann an sùilean an èisg?
- f) Dè dh'iarr Fineagas air Fionn a dhèanamh le lèine?
- g) Carson a bha aig Fionn ris an t-iasg a bhruich?
- h) Dè rinn Fionn nuair a loisg e a chorrag?
- i) Ciamar a bha fios aig Fineagas gu robh an t-eòlas a-nis aig Fionn?
- j) Carson nach robh Fineagas feargach gun do bhlais Fionn am bradan?
- k) Dè rinn Fionn nuair a bha e na bu shine?






5. IS AGUS BU



Dè b' fhearr leat? Turas dhan Eadailt no turas a dh'Ameireaga?
B' fheàrr leam turas dhan Eadailt.
Tha am biadh nas fheàrr anns an Eadailt.



Am bu toigh leat dìnnear còmhla rinn a-nochd?
Bu toigh. Bhiodh sin glè chòir, taing.



Cò b' àbhaist a bhith a' fosgladh na pàirce anns a' mhadainn?
B' àbhaist do Chalum a' Phost a bhith ga fosgladh mus do leig e dheth a dhreuchd.



Obair 1

Atharraich na seantansan seo **on tràth làthaireach dhan tràth chaithe/chumhach** a' cleachdadh **B'** no **Bu** far a bheil e freagarrach:

- a) 'S fheàrr le Ruairidh cofaidh.
- b) 'S àbhaist dhaibh a bhith a' togail feamainn airson todhar an seo.
- c) An aithne dhut an duine sin?
- d) Cha toigh leam feòil ithe.
- e) Is miann leis an taigh sin a cheannach.
- f) 'S e creutair neonach a th' ann.
- g) Chan àbhaist dhomh fuireach an seo. Thogadh mi ann am Peairt.



Air thoisearch air fuaimreagan, thèid **bu** gu **b'**. Bidh **Bu** a' sèimheachadh airson a' mhòr-chuid far an gabh sin dèanamh.



Tha an t-asgair (') ga cleachdadhuair a tha litir a dhìth. Chan eil e ga chleachdadhuair son sealbh a nochdadhuair mar a tha e sa Bheurla.

Chì thu seo gu tric le '**S e** (a' gabhail àite **Is**) agus a' cluich, a' freagairt, a' marcachd (a' gabhail àite **ag**) mar a tha ann an ag òl, ag ithe, ag ullachadh. Uaireannan bidh e a' tachairt far am biodh dà fhuaimreag a' tighinn còmhla, me, bàt'-aiseig.

Is fheàrr leam -> B' fheàrr leam
Is toigh leam -> Bu toigh leam
Is aithne dhomh -> B' aithne dhomh
'S àbhaist dhomh -> B' àbhaist dhomh
Is miann leam -> Bu miann leam
'S e dotair a th' annam -> B' e dotair a bh' annam
An toigh leat? -> Am bu toigh leat?
An aithne dhuibh? -> Am b' aithne dhuibh?
An àbhaist dha...? -> Am b' àbhaist dha...?



Obair 2

Atharraich na seantansan seo **on tràth làthaireach dhan tràth chaithte/chumhach** a' cleachdadhuair **B'** no **Bu** far a bheil e freagarrach

1. Cha chaomh leam a dhol air a' bhàt'-aiseig.
2. Chanainn gur e àite bòidheach a th' ann.
3. Is math sin!
4. 'S beag air iasg.
5. An cuimhne leat an tidsear a bh' againn anns a' bhun-sgoil?
6. 'S coma leatha an taigh ùr.
7. 'S ann à Leòdhas a tha a mhàthair.



A' cleachdadhbhòrachadh B' e an àite 'S e le obraighean is eile



Dèan cìnnteach gu bheil gach gnìomhair san
tràth chumhach no san tràth chaithte ag
aontachadh.

Eisimpleirean:

B' e latha dorch a bh' ann.

Cha b' e tidsear mhath a bh' innte.

Tha mi a' smaoineachadh gur b' e àite bòidheach a bh' ann

Am b' e an còmhlan a b' fheàrr riamh a bh' anns an Beatles?
Cha b' e, b' e sin Runrig!



Obair 3


Atharraich na seantansan seo gus am bi iad **san tràth chumhach no san tràth chaithte**.

- a) 'S e cathraiche a' bhùird a th' ann an Seònag.
- b) An e clachair a th' ann an Cailean?
Chan e, 's e saor a th' ann.
- c) 'S e cleasaiche air leth a th' annad.
- d) 'S e Harry Potter a th' anns na leabhraichean as fheàrr leam.
- e) 'S e greusaiche an neach a bhios a' càradh bhrògan.
- f) 'S ann anns a' Ghearsdan a tha e ag obair. 'S e einnseanair a th' ann.



6. CURAIDHEAN SPÒRS

'S e cruinneachadh de dh'eachdraidhean-beatha a tha ann an **Cùraidhean Spòrs**. Chaidh a sgrìobhadh le Uisdean D. MacLlinnein (Hugh Dan) a tha air a bhith an sàs ann an spòrs agus Gàidhlig fad a bheatha. 'S e leabhar air leth inntinneach a th' ann agus tha thusa a' dol a leughadh pàirtean dheth.



Obair 1

Èist ris an earrann seo mu Hugh Dan fhèin agus freagair na ceistean a-j a leanas.

- a) Cò às a tha Ùisdean?
- b) Càit an deach e dhan oilthigh?
- c) Dè rinn e as dèidh dha am Press and Journal fhàgail?
- d) Dè an seòrsa chuspairean anns a bheil ùidh aig Ùisdean?
- e) A rèir na h-earrainn, dè an cuspair air an do sgrìobh e leabhar?
- f) Càit an d'fhuair e Ph.D?
- g) Dè na spòrsan air am bi Ùisdean ag aithris?
- h) Dè an dreuchd a bh' aig Ùisdean ann an "Gaisgich na Camanachd"?
- i) Cò air an robh "Gaisgich na Camanachd" a' cuimhneachadh?
- j) Ainmich na trì rudan a chleachd am pròiseact airson sgeulachdan innse.

Obair 2

Tagh dithis churaidhean spòrs bhon leabhar aig Ùisdean -no bhon duilleig Laoich Spòrs Ghàidhealach aig Stòrlann (<https://www.storlann.co.uk/fileanta/leughadh-litrechas/#laoich-spors>) agus sgrìobh geàrr-chunntas (mu 400 facal) mun deidhinn ag innse carson a tha an dithis ainmeil.



Obair 3

Lorg dealbh dhiubh mas urrainn dhut agus thoir luaidh air càit agus cuin a rugadh iad agus far an do chaochail iad, ma tha sin riatanach.





P. JOCK STEIN: LAOCH MÒR NA H-ALBA

Leugh an dà earrann (A agus B) a leanas agus freagair na ceistean airson gach earrann and fhacail fhèin.

Earrann A

Bha Jock Stein, am manaidsear ball-coise, mu thràth na laoch mòr aig mòran air feadh na h-Alba ann an naoi ceud deug ochdad 's a còig nuair a chaidh sgioba na h-Alba an aghaidh na Cuimrighe ann an gèam dearbhaidh airson Cupa na Cruinne ann am Meagsago a# a' bhliadhna às dèidh sin.

B' e mèinnear a bha ann an Jock an toiseach, ach bha e uabhasach measail air ball-coise. Ged nach robh Jock na chluicheadair ball-coise anabarrach math, bha e air cluiche gu proifeiseanta anns a' Chuimrighe agus aig Celtic mus robh aige ri sgur a chluich ri linn leòintean ann an naoi ceud deug caogad 's a seachd.

Thòisich e a' coidseadh an dara sgioba aig Celtic, ach an uair sin għluais e gu Dùn Phàrlain mar mhanaidsear far an do bhuannaich e Cupa na h-Alba agus rinn iad gu math anns an Roinn Eòrpa cuideachd. An dèidh sin fhuair e obair aig Hibernian agus bha e cho soirbheachail ann an ùine għoġrid 's gun do dh'fhalbh Celtic leis gu math sgiobalta.

'S ann aig Celtic a choisinn e a chliù a bu mhøtha, a' buannachadh deich tiotalan lìog, naoi dhiubh an ceann a chèile agus iomadh duais eile.
'S cinnteach ge-tà gum b' e an euchd a bu chudromaiche a rinn e mar mhanaidsear nuair a stiùir



e an sgioba gu bhith a' buannachadh Cupa na h-Eòrpa ann an Lisbon ann an naoi ceud deug seasgad 's a seachd - a' chiad sgioba à Breatainn a rinn seo agus le sgioba a bha uile air am breith taobh a-staigh trithead mìle o Phàirc Celtic. Bhuannaich iad a h-uile farpais eile a rinn iad a' bhliadhna sin cuideachd.

Dh'fhàg e Celtic ann an 1978 agus, às dèidh greiseag, aig Leeds United, chaidh a ghairm gu bhith na mhanaidsear air sgioba na h-Alba a bha dìreach air masladh fhulang aig Cupa na Cruinne ann an Argentina fo stiùir Alasdair MhicLeòid.

- i. Dè a' chiad obair a bha aig Jock?
- ii. Carson a dh'fheumadh Jock sgur a chluich?
- iii. Dè thachair nuair a bha e aig Hibernian?
- iv. Dè bha sònraichte mun euchd mhòr a rinn Celtic ann an Lisbon?
- v. Carson a chaidh Jock a thaghadh mar mhanaidsear air Alba?



Earrann B

Bha Jock glè fhreagarrach airson dreuchd manaidsear na sgioba nàiseanta a ghabhail. Bha e air an obair a dhèanamh a cheana air bun-stèidh páirt-ùine anns na seasgadan, ach a-nis bha obair mhòr roimhe. B' fheudar dha misneachd nan cluicheadairean a thogail agus an sguad ùrachadh.

Shoirbhich le Alba fo stiùir Jock. Ràinig iad Cupa na Cruinne anns an Spàinn far an robh iad mì-fhortanach a dhol a-mach às dèidh gèam co-ionann an aghaidh an Aonaidh Shobhietach a bha air na bu lugha de thadhail a leigeil a-steach sa bhuidheann air fad.

Trì bliadhna às dèidh sin, bha an pharpais dhearbhaidh airson Meagsago air fàs gu math caochlaideach do dh'Alba. Bha iad feumach air puing air falbh on taigh an aghaidh na Cumrigh airson gèam dearbhaidh an aghaidh Astràilia fhaighinn. Cha robh mòran de na cluicheadairean a b' fheàrr air chomas an gèam a chluich agus chaill iad an aghaidh na Cuimrich ann an Glaschu.

Chaidh iad air dheireadh le tadhail tràth o Mhark Hughes agus bha cùisean a' coimhead dubhach mus d' fhuair iad cothrom peanais. 'S e Daibhidh Cooper a chuir am ball dhan lìn agus chùm Alba an sgòr co-ionann chun an deiridh. Rinn an luchd-leantainn gòirdeachas mòr agus bha a h-uile duine toilichte.

Ach bu bheag fios a bha aig a' mhòr-chuid na bha air tachairt mionaidean ro dheireadh a' ghèam. Bha Jock air tuiteam ann an laigse nuair a bha e a' dol a bhreith air làimh air manaidsear na Cuimrigh, agus bha e air a thogail agus air a thoirt a-steach do sheòmar. Bha e air grèim-cridhe fhlang. Ged a dh'fheuch an dotair ri chumail beò, taobh a-staigh leth-uair a thìde, fhuair Jock bàs.

Thug bàs Jock Stein buaidh mhòr air mòran dhaoine ann an Alba, gu h-àraidh Ailig Fearghasdan a bha na iar-mhanaidsear aig Jock. Ghabh esan os làimh an sgioba agus stiùir e iad gu Cupa na Cruinne mus deach e air adhart gu soirbheachadh mòr aig Manchester United. Thuit Fearghasdan gun do dh'ionnsaich e tòrr o Jock agus nach diochuimhnicheadh e e gu bràth. Tha Jock ga chuimhneachadh le ìomhaigh dheth aig Pàirc Celtic agus chaidh fear de na standaichean ainmeachadh às a dhèidh.





- i. Dè bha aig Jock ri dhèanamh nuair a fhuair e an dreuchd?
- ii. Carson a bha Celtic glè mhì-fhortanach a dhol a-mach à Cupa na Cruinne anns an Spàinn?
- iii. Carson nach robh an suidheachadh ro fhàbharach dha na h-Albannaich?
- iv. Ged a bhuanndich Alba an gèam, dè thachair mionaidean ron fhideig dheireannaich?
- v. Dè rinn an dotair?
- vi. Dè a' bhuaidh a bha aig Jock Stein air Ailig Fearghasdan?
- vii. Ciamar a chuimhnich Celtic an seann mhanaidsear aca?






8. COTHROM PEAN AIS

Cothrom Peanais le Cailein MacFhionghain à Uibhist a Deas
(Mar Chuimhneachan air Jock Stein)

An oidhch' ud
an dèidh naidheachd do bhàis
's ann shil deòir a' bhròin nan sruth
tro làrach deòir an aoibhneis
air aodainn do luchd-leanmhainn
gun smaintinn no gun suathadh.

Ach bidh cuimhn' ort gu bràth, Jock,
oir thug thu misneachd do na mìltean
agus na seòid anns na clearclan uaine,
's chan fhacas an leithid bhon uair sin.

Bu tu gaisgeach, Jock, a thairg gu h-iomlan
do chorp fhèin is d' inntinn
gus an dùthaich umhail seo a chur an àird;
's gu dearbh cha robh sinn airidh ort
a dh'eug gu glòrmhor, grad,
an dèidh faochadh fadalach
an oidhch' ud.



Obair 1

An dèidh a' bhàrdachd a leughadh sa chlas, freagair na ceistean a leanas and fhacail fhèin.

A' chiad rann.

- a) Carson a tha an dà sheòrsa de dheòir dìofraichte?
- b) Carson nach robh an luchd-leanmhainn a' suathadh air falbh nan deòir, nad bheachd-sa?

An dàrna rann

- c) Carson a bhios cuimhne air Jock gu bràth ann am beachd a' bhàird?

An treasamh rann

- d) Dè tha am bàrd ag ràdh a bhios a' sealltainn gun do rinn Jock ìobairt airson na dùthcha?
- e) Minich dè tha "faochadh fadalach" a' ciallachadh nad fhaclan fhèin

An dàn air fad

Lorg eisimpleirean de na cleasan sgrìobhaidh seo agus sgrìobh iad.

- | | | |
|----|-------------|-----------------------------|
| f) | Ath-aithris | h) Ìomhaigheachd/Samhlachas |
| g) | Uaim | i) Moladh |

9. RI AGHAIDH NA CREIG



Obair 1

Mar chlas, èistibh ris no leughaibh an sgeulachd *Ri Aghaidh na Creig* a sgriobh Maoilios Caimbeul agus gheibh thu a-mach mu chàrdeas a chaidh ceàrr:

<https://soundcloud.com/storlann/ri-aghaidh-na-creig>



Obair 2

Mar chlas no ann am buidhnean, smaoinichibh air na ceistean a leanas às dèidh èisteachd ris an sgeulachd co-dhiù aon turas.

3. Dè tha Mìcheal a' saoilsinn de dh'Anna? Dè a' chiad phios fiosrachaидh a tha ag innse dhuinn gun robh rudeigin eatarra roimhe?

1. Ciamar a tha e follaiseach gu bheil beatha chofhurtail aig Mìcheal aig toiseach na sgeulachd?

2. Dè an seòrsa beatha a tha aig Seòras agus Anna còmhla? Thoir mion-fiosrachadh bhon sgeulachd airson do fhreagairt a mhineachadh.

11. A bheil thu a' smaoineachadh gu bheil Seòras air a bhith a' planadh seo fad ùine mhòir? Thoir adhbharan airson do fhreagairt.

10. Dè an dòigh anns a bheil Seòras an dùil Mìcheal a mharbhadh?

9. Dè a' bhuaidh a tha an t-eagal a' toirt air bodhaig Mhìcheil? Thoir eisimpleirean.

8. Seall mar a tha Mìcheal ag atharrachadh nuair a tha iad a' dèanamh deiseil agus a' tòiseachadh airsreap.

7. Carson nach eil Mìcheal a' faireachdainn buileach ceart an-ath-mhadainn?



3. Dè tha Mìcheal a' saoilsinn de dh'Anna? Dè a' chiad phios fiosrachaيدh a tha ag innse dhuinn gun robh rudeigin eatarra roimhe?

4. Ciamar a tha Seòras a' dèiligeadh ri Mìcheal nuair a tha e a' tighinn dhan taigh? A bheil dad neo-àbhaisteach mun dòigh a tha e ga ghiùlan fhèin?

5. Ciamar a tha Mìcheal a' faireachdainn nuair a tha e nan cuideachd? Tagh às-earrann no dhà bhon sgeulachd airson do fhreagairt a mhìneachadh.

6. Saoil carson as e Bodach an Stòrr a bha Seòras airson a shreap?



Obair 3

Dè nì thu ma tha càirdeas a' tighinn gu crìoch? Dè a dh'fhaodadh toirt air càirdeas tighinn gu crìoch?

Sgrìobh na tha thu fhèin a' smaoineachadh. (mu 100 facal)

Obair 4

Nad bheachd-sa, dè a tha caraid 'mhath' a' ciallachadh ?

Coimhead air a' chlàr gu h-ìosal agus tagh **na deich feartan** a tha cudromach ann an deagh charaid nad bheachd-sa. Cuir iad ann an òrdugh mar bhioramaid mar seo...’s e 1 am feairt as cudromache agus chan eil 10 buileach cho cudromach:

1
 2 3
 4 5 6
 7 8 9 10

earbsach	onarach	cuideachail
gasta	fialaidh	foighidneach
math air èisteachd	beòthail	àlainn
làidir nam beachdan	toilichte	sàmhach
co-fhaireachail	taiceil	dòchasach
èibhinn	beairteach	coibhneil
dileas	cruthachail	comasach air obair-dhachaigh

10. GAM/GAD....

A bheil sibh gam chluinntinn?



Chan eil sinn gad chluinntinn.

A bheil thu ga fhaicinn?



Chan eil mi ga fhaicinn.

A bheil thu a' dèanamh dinnear?



Tha mi ga dèanamh an ceartuair.

Am bi an obair deiseil a-màireach?



Bithidh. Bidh mi ga dèanamh a-nochd.

Am bi sibh a' coinneachadh Ruairidh agus Sileas feasgar?



Bidh mi gan coinneachadh a-nochd.

A bheil sibh gar n-aithneachadh?



Gu dearbh, tha sinn gur n-aithneachadh. Choinnich sinn ribh an-uiridh.

An robh Iain a' bualadh Màiri?



Cha robh Iain ga bualadh, ach bha ise ga bhualadh.

An robh thu gam fhaicinn?



Cha robh mi gad fhaicinn.



Obair 1

Atharraich na seantansan seo **gus am bi iad a' cleachdadadh gam no gad- seach ainm cuideigin no rudeigin.**

- Tha Màiri a' pòsadh **Chaluim**.
- Tha mi a' smaoineachadh gu bheil Dòmhnull a' gabhail **òran Uibhisteach** aig a' Mhòd.
- Cuin a bhios tu a' dèanamh **a' phròiseact**?
- A bheil thu a' faireachdann an fhuachd an-diugh?
- Chan eil mi a' creidsinn Raonaid. Tha i làn bhreugan.
- An robh iad a' comharrachadh a' chogaidh an-diugh?
- Bha mi ag iarraidh Mhurchaidh airson obair a dhèanamh air a' chroit.
- Tha Tormod a' crìochnachadh a' chùrsa anns an Ògmhios.
- A bheil Pàdraig ag ullachadh nan leabhraichean airson na coinneimh?
- Càit am bi iad a' cumail a' chèilidh a-nochd?

Mineachadh



Cha toigh leis a' Ghàidhlig ro-riochdairean a bhith air feadh an àite. Tha fios agad fhèin air seo o na riochdairean roimhearrach, agus tha an aon rud fior nuair a bhios iad a' dol an lùib ainmear gnìomhaireach agus pàirtearan (cluich, a' cluich, dèanamh, a' dèanamh msaa). Bidh ag/a' agus roimhearan sealbhach mar mo agus do a' dol còmhla agus ga dhèanamh mar sin.

'S e **cìnntiche sealbhach** an t-ainm ceart a tha air an structar seo ach bidh a' mhòr-chuid de dhaoine a' bruidhinn orra mar **gam/gad** oir 's e sin a bhios air an cleachdadhdh an àite **mi** agus **thu**.

	Cruthan	Cruthan eile
mi	gam*	ga mo (foirmeil)
thu	gad*	ga do (foirmeil)
e	ga*	
i	ga	ga h- (le fuaimreagan)
sinn	gar	gar n- (le fuaimreagan)
sibh	gur	gur n- (le fuaimreagan)
iad	gan	gam (faclan a' tùiseachadh le b,p,f,m)



Obair 2

Sgrìobh na seantansan seo a-rithist **gus am bi iad a' cleachdadhdh gam, gad no msaa**.

- Nuair a bha mi òg, bhithinn (a' cluich; e) _____ anns a' phàirc ri taobh na sgoile.
- Bha mi (a' diochuimhneachadh; iad) _____ oir bha mi ann an cabhag falbh.
- Cha robh mi (a' creidsinn; thu) _____ mus faca mi e lem shùilean fhèin.
- Càit a bheil iad (a' dèanamh ; e) _____?
- Cuin a tha iad (a' fosgladh; i) _____?
- Bha an tidsear (a' càineadh; sinn) _____ oir bha an obair againn cho dona.
- Cuin a bhios tu (a' togail; mi) _____ a-màireach?
- Cha robh an coidse (ag ullachadh; sinn) _____ ro mhath.
- Bha mi (a' leughadh; e) _____ ach cha robh mi (a' tuigsinn; e) _____.

11. NELSON MANDELA



Obair 1

Coimhead air a'film ghoirid mu bheatha Nelson Mandela air aithris le Aonghas Pàdraig Caimbeul - <https://vimeo.com/14794841>

Obair 2



Leugh an leabhar goirid Beatha le Buaidh-Nelson Mandela agus freagair na ceistean a leanas airson gach pàirt den leabhar.

Ro-ràdh

- a) Carson a chaidh Nelson Mandela a chur dhan phrìosan?

Togail Rìoghail

- b) Càit a bheil an Transkei?
c) Cuin a fhuair Mandela an t-ainm Nelson?

A' dol a-steach dhan ANC

- d) Dè thòisich Mandela anns an ANC?
e) Dè an teisteanas a fhuair Mandela?
f) Dè thuirt Mandela agus a charaid Oliver Tambo mu sgaradh-cinnidh?

Fo chasadid brathaidh

- g) Dè thachair dha na casaidean brathaidh a bha às a leth ann an 1956?
h) Carson a bha an strì an aghaidh sgaradh-cinnidh a' fàs nas làidire?



A' dol am falach

- i) Dè thachair aig Sharpeville?
- j) Dè na casaidean a bha an aghaidh Mhandela nuair a chaidh a chur an grèim a-rithist?
- k) Dè thuirt Mandela anns a' chùirt?

Anns a' phrìosan

- l) Dè tha binn-beatha a' ciallachadh?
- m) Dè cho fad 's a bha Mandela sa phrìosan?
- n) Dè an obair chruaidh a bhiodh Mandela is na prìosanaich eile a' dèanamh? Thoir aon eisimpleir.
- o) Dè chuir Oliver Tambo air bhonn fhad 's a bha Mandela sa phrìosan?
- p) Dè chuir dùthchannan an t-saoghal air Afraga a Deas ann an 1967?
- q) Dè tha air a ràdh mu Nelson Mandela nuair a chaidh a shaoradh air 11 An Gearran 1990?

Duais Nobel

- r) Carson a chaidh Duais Sìth Nobel a thoirt do Mhandela agus FW De Klerk?
- s) Dè dh'fheuch Mandela ri dhèanamh anns na còig bliadhnaichean a bha e na cheann-suidhe?


A' leigeil dheth a dhreuchd

- t) Dè rinn Mandela às dèidh dha a dhreuchd a leigeil dheth? Inns dà rud.
- u) Dè an aois a bha e nuair a phòs e Graça Machel?
- v) Dè a' chuimhne as mothà a bhios aig daoine air Mandela?

Obair 3



Ann an càraidean, dèan barrachd rannsachaидh mu Nelson Mandela agus dèanaibh postair no bhidio goirid a'sealltann na fhuair sibh a-mach.



12. CLIÙ IS BU AIDH

Cliù

'S e facal gu math Gàidhealach a tha ann an an **cliù**. Tha e a' ciallachadh barrachd na dìreach a bhith **ainmeil**. Faodaidh deagh chliù no droch chliù a bhith aig cuideigin. Tha e a' ciallachadh na bhios daoine a' smaoineachadh nuair a chluinneas iad d' ainm.

- a) An aithne dhut duine ainmeil sam bith le droch chliù? Carson a tha an cliù sin aca?
- b) An aithne dhut duine sam bith aig an robh droch chliù ach a-nis aig a bheil deagh chliù?
- c) "Lean gu dlùth ri cliù do shinnse" – Dè tha seo a' ciallachadh? A bheil thu a' smaoineachadh gur e comhairle mhath a th' innte?

*(A rèir coltais, thuirt Fionn MacCumhail seo ri a mhac, Oisin, agus bha tòrr chomainn Ghàidhealach ga chleachdadadh mar shluagh-ghairm san naoidheamh linn deug.)



Buaidh

Tha buaidh mhòr aig laoch oirnn. Bidh daoine a' coimhead orra mar sàr eisimpleirean agus tha seo a' ciallachadh gu bheil iad air am meas le companaidhean mòra mar dhaoine math airson bathar a shanasachadh is a reic.

Obair 1

Sgriobh ainmean còignear dhaoine ainmeil air a bheil thu eòlach a bhios a' sanasachadh stuthan air an telebhisean no air an eadar-lion.

Sgriobh:

- cò iad,
- dè tha iad a' reic
- agus carson a tha iad freagarrach airson an rud sin a shanasachadh.



Tha buaidh cuideachd a' ciallachadh "buannachadh" – **Buaidh leat** – soirbheachadh dhut!



'S e "Buaidh no Bàs" an sluagh-ghairm aig Clann MhicDhùghaill agus Clann MhicNèill. Saoil dè thachradh nam biodh an dithis aca a' sabaid ri chèile?

Obair 2

Dèan postair le sluagh-ghairm agus dealbh de chuideigin ainmeil far a bheil iad a' brosnachadh dhaoine gus Gàidhlig ionnsachadh no a bhruidhinn.

13. SLUAGH-GHAIRM

Nuair a bhiodh an sluagh a' dol a shabaid airson a' chinn-cinnidh anns na seann làithean, bhiodh **sluagh-ghairm** ga chleachdad airson daoine a bhrosnachadh dhan chath. Bha cuid ann mar am fear aig Clann MhicNèill gu math follaiseach, *Buaidh no Bàs!* ach uaireannan bha iad co-cheangailte ri rudeigin sònraichte dhan chinneadh, mar *Bratach Bhàn Chlann Aoidh* aig Clann MhicAoidh, a' cuimhneachadh air a' bhratach gheal a bha aig Aonghas Dubh, an cinneadh aca, ann am blàr an aghaidh nan Sutharlanach ann an 1431.



'S ann on fhacal sluagh-ghairm a gheibh sinn am **facal slogan** sa Bheurla a bhios ga chleachdad nuair a bhios companaidhean a' feuchainn ri rudan a reic rinn air neo nuair a bhios luchd-poiltigs a' cleachdad a leithid airson bhòtaichean fhaighinn



Obair 1

Ann an càraidean, smaoinichibh air sluagh-ghairmean ainmeil air a bheil thu eòlach o shanasan-reice no TBh no càil sam bith...leithid, *Suas leis a' Ghàidhlig! I'm Lovin' It* aig McDonalds.



Thoir sùil air cuid de na suaicheantas an agus na gearraighean-airm aig na cinnidhean airson bheachdan...



Clann MhicllEathain
Fear eile airson Eachann!
Bàs no beatha!

Na Camshronaich
Chlann nan con!
Thigibh an-seo 's gheibh
sibh feòill!



14. AN CINNEADH ÙR



Obair 1

Tha am buidheann agad gu bhith na chinneadh ùr. Tha sibh a' dol a chruthachadh suaicheantas dhan chinneadh agus **sluagh-ghairm** a bhios a' brosnachadh an t-sluaign!

Taghaidh an tidsear na dreuchdan seo dhuibh:

Ceann-cinnidh - Bidh an neach seo a' cumail a h-uile duine ag obair

Neach-faire - Bidh an neach seo a' cumail sùil air an uair

Neach-cinnidh - Bidh an neach seo a' cruinneachadh ghoireasan on tidsear

Filidh - Is e seòrsa de bhàrd no neach-ealain a bh' ann am filidh. Bidh uallach orra a bhith a' stiùireadh dealbhadh an t-suaicheantais.



Tha fichead mionaid agad airson an gnìomh seo a chriochnachadh.

Feumaidh an suaicheantas a bhith a' riochdachadh a h-uile neach anns a' bhuidheann, agus mar sin bu chòir dhuibh èisteachd ri chèile agus aontachadh.

Smaoinich air na rudan a tha agaibh ann an cumantas air neo a tha sònraichte dha na diofar dhaoine anns a' bhuidheann, mar eisimpleir:

- cur-seachadan
- eachdraidh
- teaghlach
- cànan

Smaoinicibh air ainm freagarrach agus tarraingeach dhan chinneadh agaibh.

Smaoinicibh air sluagh-ghairm a bhios agaibh a bhios gur brosnachadh uile! Feumaidh sibh a theagastg dhan a h-uile neach sa bhuidheann.



Obair 2

A-nis, dèanaibh taisbeanadh dhan chlas air a' chinneadh agaibh!



15. AN TRÀTH CUMHACH LE GNÌOMHAIREAN EILE



Càit an cuireadh tu an dealbh seo?
Chuirinn air a' bhalla sin i.



Cha bhruidhneadh e
Gàidhlig idir oir bha e gu
math mosach.



Nam cluicheamaid
iomain ro fhaisg
air an taigh aige,
thigeadh am bodach
a-mach agus
dh'èigheadh e rinn.
Ruitheamaid air
falbh gu math luath!



An itheadh tu guga?
Chan itheadh! Chan ithinn e air
millean not!

	Gabh	Ith	Sgrìobh
mi	Ghabhainn	Dh'ithinn	Sgrìobhainn
thu	Ghabhadh tu	Dh'itheadh tu	Sgrìobhadh tu
e	Ghabhadh e	Dh'itheadh e	Sgrìobhadh e
i	Ghabhadh i	Dh'itheadh i	Sgrìobhadh i
sinn	Ghabhamaid Ghabhadh sinn	Dh'itheamaid Dh'itheadh sinn	Sgrìobhamaid Sgrìobhadh sinn
sibh	Ghabhadh sibh	Dh'itheadh sibh	Sgrìobhadh sibh
iad	Ghabhadh iad	Dh'itheadh iad	Sgrìobhadh iad
?	An gabhadh?	An itheadh?	An sgrìobhadh?
Cha	Cha ghabhadh	Chan itheadh	Cha sgrìobhadh

Chì thu gu bheil an gnìomhair ag obair beagan coltach ri mar a tha e ag
obair san tràth chaithte. Bidh e a' sèimheachadh far an gabh sin dèanamh.
Chan eil 'do' ann ge-tà.



Obair 1

Sgriobh seantans slàn a' cleachdadh a' ghnìomhair agus an rìochdair a tha anns na camagan.

Seo eisimpleir dhut:

(òl, mi) - Dh'òlainn bainne blàth nuair a bha mi òg.

- a) (gabh, sinn)
- b) (leugh, e)
- c) (coisich, i)
- d) (ullaich, iad)
- e) (freagair, mi)
- f) (cluich, mi)
- g) (tog, sinn)
- h) (ruith, mi)
- i) (snàmh, e)
- j) (obraich, sibh)
- k) (geàrr, mi)
- l) (fosgail, i)

Gníomhairean Neo-riaghailteach san Tràth Chumhach.



Uill, 's e aon rud math mu dheidhinn nan gníomhairean neo-riaghailteach anns an tràth chumhach gu bheil iad fada nas riaghaitche na tha iad iad ann an tràthan eile. Mar a tha iad anns na tràthan eile, chan eil dòigh eile ann ach an ionnsachadh tro chleachdad. Cleachdaidh tu cuid dhiubh san ath eacarsaich

Freumh		mi
Rach	Rachadh/Cha rachadh	Rachainn/Cha rachainn
Thoir	Bheireadh/Cha toireadh	Bheirinn/Cha toirinn
Dèan	Dhèanadh/Cha dèanadh	Dhèanainn/Cha dèanainn
Faigh	Gheibheadh/Chan fhaigheadh	Gheibhinn/Chan fhaighinn
Faic	Chìtheadh/Chan fhaiceadh	Chìthinn/Chan fhaicinn
Cluinn	Chluinneadh/Cha chluinneadh	Chluinninn/Cha chluinninn
Ruig	Ruigeadh/Cha ruigeadh	Ruiginn/Cha ruiginn
Thig	Thigeadh/Cha tigeadh	Thiginn/Cha tiginn

16. DEIREADH-SEACHDAIN SGWINNEIL!



Obair 1



Tha thu a-nis a' dol a chleachdadadh an Tràth Cumhach - **na rudan a bhiodh tu a' dèanamh no na rudan a dhèanadh tu.**

Tha thu air millean not fhaighinn ach 's e seo an rud, feumaidh tu a chosg air fad aig an deireadh-sheachdain! Tha thu a' dol ga chosg air aon deireadh-sheachdain sgoinneil!

Dè dhèanadh tu? Uill Dhèanainn a h-uile rud as urrainn dhomh! Tha na freagairtean seo an urra riut fhèin, stiall ort!



- a) Càit an dùisgeadh tu madainn Disathairne?
- b) Dè dhèanadh tu às dèidh do bhracaist?
- c) Dè ghabhadh tu air do lòn?
- d) Ciamar a bhiodh tu a' siubhal feasgar?
- e) Dè an taigh-bìdh dhan rachadh tu agus càit am bitheadh e?
- f) Anns an taigh-bìdh dè dh'itheadh is a dh'òladh tu?
- g) Cò bhiodh cuide riut aig an dinnear?
- h) Cò am bruidhneadh sibh?
- i) Cuin a rachadh tu dhan leabaidh oidhche Shathairne?
- j) Cuin a dh'èireadh tu madainn na Sàbaid?
- k) Dè dhèanadh tu Là na Sàbaid?
- l) Ciamar a bhiodh tu a' faireachdainn madainn Diluain?

17. ÒRAIN MOLAIDH

Anns an t-seann aimsir, bhiodh na Gàidheil a' dèanamh òrain gu math foimseil a bha a' moladh dhaoine. 'S e na bàird a dhèanadh seo; daoine a bha glè chomasach a bhiodh a' cruthachadh rannan mòra, fada a' moladh nan laoich a bhiodh a' sabaid agus a' faighinn bàs anns na blàran mòra. Tha feadhainn dhiubh gu math fada agus cha tèid thu faisg orra mura tèid thu dhan oilthigh, ach tha iad a' sealltainn cho làidir 's a bha a' Ghàidhlig aig aon àm agus am bearneas a bha anns a' chànan.

'S e Alasdair à Gleann Garaidh leis a' bhana-bhàrd, Sileas na Ceapaich, an eisimpleir as fheàrr a th'ann.



Obair 1

Èist ri Raonaid Walker a'seinn *Alasdair à Gleann Garadh...*

<https://www.youtube.com/watch?v=x3ezJ78GYY4>



Obair 2

Airson mu 15-20 mionaid, coimhead air :

http://www.bbc.co.uk/alba/foghlam/larachnambard/poets/sileas_ceapaich/bardachd/

Tha an t-uabhas de ghoireasan air Sileas na Ceapaich agus Alasdair à Gleanna Garaidh ri lorg an seo!



Obair 3

Leugh an earrann seo agus freagair na ceistean na lùib.

Earrann A: Sileas na Ceapaich – Bana-bhàrd Chlann Dhòmhnaill

'S e bana-bhàrd ainmeil a bh' ann an Sileas na Ceapaich, a bha beò san ochdamh linn deug. Rugadh Sileas Nighean Mhic Raghnaill, no Sileas na Ceapaich, mu 1660, aig Both Fhionndain, faisg air a' Cheapaich ann an siorrachd Inbhir Nis.

B' i nighean Ghilleasbaig Mac Mhic Raghnaill, 15mh ceann-cinnidh chlann Dòmhnaill na Ceapaich, a bha e fhèin na bhàrd. B' i a màthair Màiri NicMhàrtainn, nighean Dhonnchaidh Mhàrtainn, à Loch Abar. Phòs i Alasdair Gòrdanach, fear aig an robh tuathanas mu mhìle tuath air far a bheil Tom an t-Sabhail an-diugh. Aig an àm ud, bha sgìre Loch Abar fo smachd Diùc Ghòrdain.

Ma chaidh na h-òrain aig Sileas a sgrìobhadh sìos, cha do mhair gin dhiubh chun an latha an-diugh, agus b' ann bho bheul-aithris a chaidh an cur air pàipear. Tha e follaiseach bhon bhàrdachd aice gun robh Sileas gu mòr air taobh nan Seumasach, agus gur ann tro shùilean a cinnidh fhèin, na Dòmhnaillach, a bha i a' faicinn na bha a' tachairt.

Am measg nan cuspairean a bu trice a bha a' nochdad a anns a' bhàrdachd aice bha: a teaghlaich fhèin, gnothaichean poilitigeach, laoidhean, comhairle do nigheanan, agus ceòl.

Chan eil àm no adhbhar a bàis soilleir, ach thathar a' tomhas gun do chaochail i mu 1729.



- i. Dè an sloinneadh a bha air Sileas na Ceapaich?
- ii. Cò às a bha a màthair?
- iii. Cò às a bha an duine a phòs Sileas? Thoir freagairt mionaideach.
- iv. Ciamaid a fhuair sinn fiosrachadh air òrain Sileas agus dè bu choireach airson sin?
- v. Cò an dà bhuidhean ris am biodh Sileas a' taobhadh?
- vi. Ciamaid a fhuair Sileas bàs?

Earrann B: Carson a rinn Sileas an t-òran Alasdair à Gleanna Garadh?

Nuair a rinn Sileas Alasdair à Gleanna Garadh, bha Clann Dòmhnaill ann an staid rudeigin cugallach. Bha iad air ceann-cinnidh Shlèite a chall, agus an t-oighre agus a bhràthair. Bha cuideachd Ailean Dearg Mùideartach, ceannard Chlann 'ic Ailein, air a bheatha a chall aig Blàr Sliabh an t-Siorraim, agus a-nise bha i a' faicinn Alasdair à Gleanna Garadh, aon de na ceannardan eile de Chlann Dòmhnaill a' bàsachadh. Bha i anns an òran aice a' caoidh nan cinn-cinnidh a bha Clann Dòmhnaill air a chall anns na beagan bhliadhnaichean roimhe sin.

Ach cuideachd, tha i a' dèanamh dàn molaidh do dh'Alasdair fhèin, an seòrsa duine a bh' ann, agus cuideachd a bharrachd air na samhlaidhean àbhaisteach a bhathas a' cleachdadadh ann an cumha no ann am marbhrann, tha Sileas a' cleachdadadh an t-sreath as fhaide ann am bàrdachd Ghàidhlig de shamhlaidhean air Alasdair, mun h-uile beathach ris an robh e coltach mar seabhag, damh is leòmhann; gun robh e mar chraobh-daraich, gur e esan clach uasal na fàinne.



- i. Thoir iomradh le eisimpleirean air carson a bha Clann Dòmhnaill ann an staid lòsal nuair a rinn Sileas a' bhàrdachd.
- ii. Dè tha a' dèanamh na bàrdachd aig Sileas dìofraichte o chumha no marbhrann àbhaisteach?
- iii. Dè na beathaichean ris an robh Sileas a' samhlachadh Alasdair?
- iv. Ciamar a tha Sileas a' cur crìoch air an dàn?
- v. Dè na faireachdainnean a tha Sileas a' cur an cèill san dàn?



Obair 4

Seo na rannan san òran far a bheil Sileas a' bruidhinn air cò ris a bha Alasdair coltach.

Mar chlas, agus le taic bhon tidsear, feuch gun obraich thu a-mach dè tha gach loidhne a' ciallachadh.

Tha aig gach neach sa chlas ri dealbh a dhèanamh a riochdaicheas gach loidhne san òran.

A' cleachdadadh ComicLife, dèanaibh comaig no postair mòr a'sealltainn na loidhnichean on bhàrdachd ann an cruth dealbh.

- * Bu tu 'n lasair dhearg gan losgadh,
- * Bu tu sgoltadh iad gu 'n sàiltibh,
- * Bu tu curaidh cur a' chatha,
- * Bu tu 'n laoch gun athadh làimhe;
- * Bu tu 'm bradan anns an fhior-uisg',
- * Fireun air an eunlaith 's àirde,
- * Bu tu 'n leòmhann thar gach beatach,
- * Bu tu damh leathann na cràice.

- * Bu tu 'n loch nach faoidte thaomadh,
- * Bu tu tobar faoilidh na slàinte,
- * Bu tu Beinn Nibheis thar gach aonach,
- * Bu tu chreag nach fhaoidte theàrnadh;
- * Bu tu clach uachdair a' chaisteil,
- * Bu tu leac leathann na sràide;
- * Bu tu leug lòghmhor nam buadhan,
- * Bu tu clach uasal an fhàinne.

- * Bu tu 'n t-iubhar thar gach coillidh,
- * Bu tu 'n darach daingean làidir,
- * Bu tu 'n cuileann 's bu tu 'n draigheann,
- * Bu tu 'n t-abhall molach blàthmhor;
- * Cha robh do dhàimh ris a' chritheann
- * Na do dhligheadh ris an fheàrna;
- * Cha robh bheag annad de 'n leamhan;
- * Bu tu leannan nam ban àlainn.

18. A' TOIRT SPIONNADH DHAN T-SLUAGH

Dèan Obair 1 no Obair 2.



Obair 1

Òrain a bhios a' togail an anaim agus a' chridhe!

Feuch gun eist thu ris na h-eisimpleirean seo:

- Get Up Stand Up - Bob Marley
- Recovery - Runrig
- Halo - Beyoncé
- Salm 23
- Alasdair Mhic Colla Gasda - Capercaillie
- White Cliffs of Dover - Vera Lynn
- Cànan nan Gàidheal le Murchadh MacPhàrlain - Cathy Ann MacPhee
- Free Nelson Mandela - Specials AKA
- What's Going On - Marvin Gaye
- Heroes - David Bowie

An smaoinich thu air òrain sam bith a tha a' brosnachadh dhaoine nuair a tha iad iosal no brònach?

Tagh òran sam bith mar seo ann an cànan sam bith a bhios a' toirt spionnadh no togail dhut no do dhaoine eile. Mìnich ann an 200 facal, cuspair an òrain **agus** carson a tha e cudromach dhut fhèin is do chàch.



Obair 2

Sgrìobh fhèin dàn no òran molaidh...

Tha thu air sùil a thoirt air iomadh gaisgeach agus bana-ghaisgeach anns an aonad seo. A-nis, saoil an tèid agad air dàn no òran molaidh a sgrìobhadh mu aon dhiubh?

NO

Tagh an gaisgeach no a' bhana-ghaisgeach agad fhèin. Smaoinich air na leanas:

- **Taghadh Fhaclan** - dàna, làidir, gasta, agus msaa
- **Uaim** – “An laoch laghach a’ leum”
- **Comhardadh** (Dèan liosta de dh’fhaclan le ‘ua’ mar eisimpleir)
- **Cò ris a tha iad coltach?** Cleachd meataforan agus samhlaidhean
- **Dè mun deidhinn a bha cho math?**

Faodaidh e a bhith cho fada 's a thogras tu ach 8 loidhnichean co-dhiù.

Feuch dàn acrostic ma tha sin na chuideachadh.
Mar eisimpleir – S. I. L. E. A. S . N. A . C.....

19. RIOCHDAIREAN ROIMHEARACH - *FO, DE, MU*

Bidh Dòmhnaill ag obair fo
Chatriona san oifis. Chan eil e
a' còrdadh ris a bhith ag obair
foidhpe.

Thuit e air a bheul **fodha.**

Tha mi seachd
searbh sgìth **dheth.**

Bha sibh a' feuchainn ri
amadan a dhèanamh **de**
Chalum, ach an àite sin, rinn
sibh amadain **dhibh** fhèin!

	fo	mu	de
mi	fodham	umam	dhìom
thu	fodhad	umad	dhìot
e	fodha	uime	dheth
i	foidhpe	uimpe	dhith
sinn	fodhainn	umainn	dhinn
sibh	fodhaibh	umaibh	dhibh
iad	fodhpa	umpa	dhiubh



Obair 1

Sgrìobh na h-abairtean a leanas anns an leabhar agad agus lìon a-steach na beàrnan leis a' chruth cheart den riochdair roimhearrach.

- a) Tha Catriona a' leigeil (de; i) _____ a dreuchd mar mhanaidsear na h-ofis. Bidh Dòmhnull air a dhòigh.
- b) Chan eil ann (de; e) _____ ach an t-amadan.
- c) Cuiribh (de; sibh) _____ ur seacaidean tana agus cuiribh (mu; sibh) _____ ur còtaichean tiugh blàth.
- d) Bha Ruairidh agus Mairead a' cur fallas (de; iad) _____ às dèidh (do; iad) _____ a bhith a' ruith anns a' choille.
- e) Bha sinn a' ruith air an deigh agus bha e cho sleamhainn 's un do thuit sinn air ar beul (fo; sinn) _____ aig an aon àm! Bha ar glùinean goirt ach bha e caran èibhinn!
- f) Bha thu cho trang aig a' bhanais (aig; thu) _____ nach d' fhuair mi ach sealladh (de; thu) _____.
- g) Èirich agus cuir (mu; thu) _____ do chuid aodaich. Feumaidh sinn falbh an-dràsta fhèin!
- h) Nuair a bha iad nan seasamh air mullach na creig, chunnaic iad na fèidh anns a' ghleann (fo; iad) _____.
- i) Chan fhaigh sibh cuidhteas (de; sinn) _____ cho furasta sin. Chan eil sinn a' dol a dh'èite.

Obair 2

Atharraich na seantansan anns an leabhar gus am bi iad a' cleachdadadh **riochdairean roimhearrach** a-mhàin.

- a) Chuala mi sgeulachd **mu Dhonnchadh** a-raoir.
- b) Dh'fhàs Dolina gu math sgìth **de an duine gorach a bha na shuidhe ri a taobh air a' bus**.
- c) Cha do thuig mi càil **de na leabhraichean sin**.
- d) Thàinig e **fo mise agus Angela** gun robh sinn ag iarraidh a dhol dhan Ròimh airson na Nollaig.

20. HEARACH

Chan fheum òran molaidh a bhith mu neach ainmeil, air neo fiù 's neach ainmichte.



Obair 1

Leugh an dàn seo le Iain MacDòmhnaill à Griomsaigh, Uibhist a Tuath agus freagair na ceistean a leanas.

Hearach

Do ghnùis
rocach* air a sgoradh
le grian is gaoth is uisce
mar bheanntan d' eilein

Do chrògan
a dh'fhairich fuachd, teas,
cuideam, reubadh, blàths,
gearraidhean is slànachadh,
paisgte air do bheulaibh
mar fhreumhan craobhie.
Chum iad beò thu.
Tha choltas orra.

Do ghuth
sìtheil cho domhainn
ri locha dorcha, ciùn
am mòintich d' eilein.

*rocach = preasach no creagach

A' chiad rann

- Dè an seòrsa coltais a tha air a' Hearach? Saoil Carson a tha e mar seo?
- Dè an seòrsa ìomhaigheachd a tha am bàrd a' cleachdadh airson sealltainn coimeas eadar a' Hearach agus an t-eilean fhèin?

An dara rann

- Dè an seòrsa obair a tha aig a' Hearach nad bheachd-sa? Thoir adhbhar airson do bheachd.
- Carson a tha a làmhan mar fhreumhan craobhie?

An treas rann

- Ciamar a tha am bàrd a' samhlachadh guth a' Hearaich?
- Carson a tha an coimeas eadar coltas a' Hearaich agus a ghuth cho èifeachdach?

An dàn air fad

- Dè do bheachd air mar a tha am bàrd a' dèanamh ceangal eadar an t-àite dham buin e agus a' Hearach?
- Am bu toigh leat a' Hearach a choinneachadh? Thoir adhbhar airson do bheachd.

21. MAR BU DUAL DHA....

Air an duilleig seo, ionnsaichidh tu gnàthsan-cainnt a bhios gu math feumail airson do Ghàidhlig a thoirt air adhart.

Smaoinich air na ceistean a leanas

An e a bhith nad
ghaisgeach rud a tha
anns a h-uile duine?

An urrainn dhuinn
sgaradh a
dhèanamh c
o-dhiù?

A bheil e a' buntainn ri ar
sloinneadh, ri ar fuil, neo ri
ar n-àrach nuair a tha sinn
a' fàs suas?

A bheil sinn uile air
chomas a bhith nar
gaisgich no an e rud a th'
ann a tha aig feadhainn
againn is nach eil aig
feadhainn eile?

Tha an abairt “**Mar bu dual dha**” a’ ciallachadh gur e rud a tha a’ tachairt air sgàth
’s cò às a thàinig thu no cò leis thu.

**Mar eisimpleir, mas e droch dhuine a bha san athair, 's e droch dhuine a bhios
anns a' mhac. Air neo, mas e deagh sheinneedair a bh' ann am màthair, bidh an
níghean na deagh sheinneedair cuideachd.**

dual -ail, -an, sm Due, hereditary right. 2 Duty. 3 Office. Bu dual dha sin, that was his birthright. — This is one of the most familiar and characteristic sayings in Gaeldom where belief in blood and hereditary tendencies and claims is exceptionally strong. It is difficult to translate literally, but might be paraphrased “that is what you might expect of his father and mother’s son” — NGP. Esan don dual am bàs, he whose due is death; bu dual athar dhut sin, you inherited that from your father; mar bu dual dha, as was hereditary to him; nam b’ e nach bu dual dha, if it were (or so happened) that it was not hereditary to him; mur b’ e gum bu dual dha, were it not that it was hereditary to him; don dual gach cliù, to whom every praise is due

Obair 1

Freagair na ceistean a leanas.

- Dè na coltsasan a tha thu a’ faicinn eadar thu fhèin agus do theaghlaich?
A bheil feadhainn ann nach toigh leat? A bheil feadhainn ann às a bheil thu moiteil?
- “Cò leis thu?”. Ma bhios cuideigin a’ faighneachd seo dhut, dè tha iad a’ ciallachadh?
- “Aithnichear duine air a chuideachd”. Dè tha seo a’ ciallachadh? A bheil thu ag aontachadh ris?



Taisbeanadh

Tha thu air tòrr a dhèanamh a' toirt sùil air laoch ann an eachdraidh, san latha an-diugh agus na do bheatha làitheil.

A-nis tha an cothrom agad-sa laoch/gaisgeach/ceatharnach a thaghadh a tha thusa a' smaointinn a tha airidh air moladh mòr.

Smaonich air na leanas:

- Cò às a tha e/i?
- Cuin a rugadh e/i?
- Mar a chaidh an togail.
- Mar a thàinig iad gu bhith cliùiteach/ainmeil?
- A' bhuaidh a thug iad ort fhèin no air daoine eile
- Agus rudan inntinneach sam bith eile mun deidhinn.



Obair 1

Cruthaich PowerPoint no postair mun neach a thagh thu.

Obair 2

A' cleachdadadh na sgilean labhairt a that hu air ionnsachadh tron bhliadhna agus fiù anns na h-aonadan Mise a-mhàin, deasaich òraid mun laoch agad. Feumaidh an òraid a bhith co-dhiù ceithir mionaidean a dh'fhaid agus air a' toirt seachad air beulaibh a' chlas agus an tidsear.

1. **Feumaidh tu a bhith pongail, siùblach..**
2. **Dèan cinnteach gu bheil am briathrachas agad freagarrach agus gu bheil an litreachadh is an gràmar agad cho ceart 's a ghabhas.**
3. **Feumaidh tu cuideachd a bhith deiseil airson ceistean a fhreagairt. Dèan nòtaichean airson do chuideachaидh.**
4. **Bidh thu air do mheasadh air an òraid AGUS air a' phostair/ aithisg/powerpoint agad.**



Leugh an earrann a leanas agus freagair na ceistean air a shon.

Clann MhicCruimein

Tha an caragh-cuimhne do phòbairean ainmeil Chlann MhicCruimein suidhichte ann am Boraraig anns an Eilean Sgitheanach, a' coimhead thairis air Loch Dhùn Bheagan gu Caisteal Dhùn Bheagan. 'S e pòbairean do Chinn-cinnidh Chlann MhicLeòid à Dùn Bheagan tro na linntean a bh' ann an clann MhicCruimein agus 's iomadh port clasaigeach a rinn iad a' toirt urram dhaibh a bharrachd air a bhith a' stèidheachadh sgoil ainmeil phòbaireachd ann am Boraraig. B' ann san t-seachdamh linn deug a bha an cliù a b' àirde aca leis an sgoilear mu dheireadh a' ceumnachadh. B' e fear MacArtair a bh' ann, anns na 1780an.

Bha na h-Artairich fhèin ainmeil airson cho sean 's a bha an cinneadh aca. Tha seanshalach ann, "Chan eil dad nas sine, ach na beanntan, MacArtair agus an Diabhall". Bha iad fhèin càirdeach do Chlann Chaimbeul ach bha iad cuideachd nam pòbairean do Chlann Dòmhnaill ann an ìle.

Chaidh càrn a thogail do Chlann MhicCruimein ann an 1933 air a phàigheadh le Comainn a' Chinnidh bho air feadh an t-saoghail. Tha làmh-sgrìobhaidh Gàidhlig air ag ràdh: Càrn-cuimhne Chlann MhicCruimein a bha o dhualchas nam pòbairean aig MacLeòid fad dheich ginealaich agus a bha cliùiteach airson deilbh is cluich is teagastg ceòl mòr. Is ann dlùth air an làraich seo a bha Sgoil Chiùil MhicCruimein 1500 - 1800 AD.

<http://www.ambaile.org.uk/detail/gd/34321/1/EN34321-the-maccrimmon-memorial-borreraig.htm> agus <http://www.ambaile.org.uk/detail/gd/30824/1/EN30824-macarthur.htm> air atharrachadh



1. Gu mionaideach, càit a bheil caragh-cuimhne MhicCruimein?
1. Dè rinn Clann MhicCruimein nuair a bha iad nam pòbairean dha na Leòdaich?
2. Dè tha air ràdh mun t-seachdamh linn deug?
3. Dè bha a' sealltainn gun robh eachdraidh fhada aig Clann MhicArtair?
4. Dè bha aig Clann MhicArtair ann an cumantas ri Clann MhicCruimein?
5. Dè cho fad 's a bha Clann MhicCruimein ag obair do Chlann MhicLeòid a rèir a' chùirn?



Pìobaire Òg Uibhist A Deas

Eist ris an sgeulachd seo air mar a fhuair teaghlaich eòlas air pìobaireachd, agus freagair na ceistean gu h-ìosal.

- a) Dè cho math 's a bha an treas mac air a' phìob?
- b) Cò dha a bha Clann MhicCruimein nam pìobairean?
- c) Carson a chaigh Clann MhicCruimein a dh'Uibhist?
- d) Dè bha am mac as òige a' dèanamh nuair a nochd Clann MhicCruimein aig an taigh?
- e) Carson a chuir e sgian ann an doras an t-sìthein? Thoir cunntas mionaideach.
- f) Bha e airson am port a bha am bodach beag a' cluich ionnsachadh. Dè an rud neònach a dh' iarr am bodach beag air a dhèanamh?
- g) Dè dh'iarr Clann MhicCruimein air nuair a thill e dhachaigh?
- h) Chluich an gille port an t-sìthiche. Dè shaoil Clann MhicCruimeinn dhen phort?

